



M G A L B A

AITHISG BHLIADHNAIL &
AITHRIS NAN CUNNTASAN

13 • 14

ANNUAL REPORT &
STATEMENT OF ACCOUNTS

Rathad Shìphoirt
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2SD

Seaforth Road
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2SD

24 Ògmhios 2014

24 June 2014

Colette Bowe
Cathraiche
Ofcom
Taigh Riverside
2A Rathad Southwark Bridge
LUNNAINN
SE1 9HA

Colette Bowe
Chairman
Ofcom
Riverside House
2A Southwark Bridge Road
LONDON
SE1 9HA


A Bh-uas Bowe

Dear Ms Bowe

Aithisg Bhliadhnaill & Aithris nan Cunntasan

Annual Report & Statement of Accounts

An co-chòrdadh ri Earrann 19 (12) de Achd Craolaidh 1990, tha mi a' cur an cois seo Aithisg Bhliadhnaill Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig agus Aithris nan Cunntasan airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2014.



Magaidh Choineagan
CATHRAICHE

In accordance with Schedule 19 (12) of the Broadcasting Act 1990, I enclose the Annual Report of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (Gaelic Media Service) and the Statement of Accounts for the year ended 31 March 2014.



Maggie Cunningham
CHAIRPERSON

CLÀR-INNSE



CONTENTS



Capercaillie – Heb Celt 2013 (HCF Productions)

04	LÈIRSISS VISION
05	RÙN MISSION
06	TEACHDAIREACHD A' CHATHRAICHE CHAIRPERSON'S MESSAGE
10	LÈIRMHEAS AN ÀRD-OIFIGEIR CHIEF EXECUTIVE'S REVIEW
15	LÈIRMHEAS AIR GNÌOMHAN & GNOTHAICHEAN ACTIVITIES & BUSINESS REVIEW
18	AMASAN & TORAIÐHEAN 2013 14 OBJECTIVES & OUTCOMES 2013 14
22	LÈIRMHEAS AIR A' BHLIADHNA: BBC ALBA AGUS MEADHANAN GÀIDHLIG EILE A REVIEW OF THE YEAR: BBC ALBA AND OTHER GAELIC MEDIA CONTENT
37	AITHRIS RIAGHLAIDH GOVERNANCE STATEMENT
41	CUNNTASAN AIRSON NA BLIADHNA A DHÙIN 31 MÀRT 2014 ACCOUNTS FOR THE YEAR ENDED 31 MARCH 2014
60	TUILLEADH FIOSRACHAIDH ADDITIONAL INFORMATION
62	LUCHD-OBRACH STAFF
64	BUILL A' BHÙIRD BOARD MEMBERS
66	COMHAIRLICHEAN & FIOS THUGAINN ADVISORS & CONTACT DETAILS



Tony Kearney – Dà Là san Dàmhair: Two Days in October (*The Woven Thread*)



Chi mi'n Tir: From Harris with Love (*Corcadal Productions*)

Gum bi na meadhanan Gàidhlig aithnichte fad is
farsaing airson obair chruthachail, ùr-ghnàthach
agus den ìre as àirde

That Gaelic Media is recognised universally for
creativity, innovation and the highest standards



LÈIRSIINN | VISION



RÙN | MISSION



Geallaidh sinn spionadh agus
brosnachadh a thoirt tro na
Meadhanan agus tron Ghàidhlig

Our promise is to inspire and
encourage through Media and Gaelic

A' toirt Gàidhlig thugaibh

Bringing Gaelic to you



TEACHDAIREACHD A' CHATHRAICHE CHAIRPERSON'S MESSAGE



Tha e a' toirt toileachas mòr dhomh gun tug clàr làn de phrògraman làidir, taitneach air BBC ALBA bliadhna shoirbheachail gu crioch do MG ALBA. Bha bliadhna cho soirbheachail 's a bh' ann chun seo aig ar priomh trì mìrean – BBC ALBA, FilmG agus LearnGaelic – le tuilleadh is tuilleadh de dhaoine a' cleachdadhan stuthan meadhanan Gàidhlig de dh'àrd chàileachd a tha rim faighinn is rim faicinn.

'S e priomh uallach MG ALBA prògraman aig àrd ìre a thoirt gu luchd-amhairc ann an Alba agus tha sinn a' coileanadh seo tro BhBC ALBA, seirbheis a tha sinn a' maoineachadh agus a' ruith ann an co-bhanntachd leis a' BhBC.

Tha co-bhanntachd aig cridhe ar dòigh-obrach. Tha ar priomh com-pàirtiche, am BBC, a' toirt iomadach buannachd gu craoladh Gàidhlig, nam measg aithne agus cliù air a bheil an luchd-amhairc eòlach, a chuid phrògraman, teicneòlas, craoladh air tbh agus cothrom air bun-structair naidheachdan a' BhBC air feadh an t-saoghal. Tha toraidhean na co-bhanntachd seo agus na cothroman a thathas a' toirt dhan luchd-amais agus luchd-cleachdaidh a' leantainn agus a' toirt toileachas mòr dhuinn.

Ann an 2013-14, thug BBC ALBA seirbheis luachmhor do mhuinntir na Gàidhlig is thàlaidh iad barrachd de luchd-amhairc eile air feadh Alba. Tha cubheasachd de seachd a-mach à 10 luchd-bruidhinn na Gàidhlig a' coimhead phrògraman gach seachdain, mar phàirt den trì chairteal mhillean luchd-amhairc seachdaineach ann an Alba. A chionn 's gu bheil tarraing mhòr anns na prògraman againn do mheasgachadh mòr de luchd-amhairc tha barrachd dhaoine air feadh na dùthcha nas mothachail air an t-seanail agus nas riaraichte leis. 'S e comharr aile air bliadhna shoirbheachail gun d' fhuaireadh duaisean aig Fèis nam Meadhanan Ceilteach far an do choisinn an comadaidh, Dà là san Dàmhair duais sa ghnè Cur-seachad as Fheàrr agus far an do choisinn MG ALBA duais le LearnGaelic airson an App as Fheàrr.

Tron bhliadhna, tha sinn air fòcas a chuir air ro-innleachdan agus goireasan a stèidheachadh gus leasachadh maireannach a thoirt air BBC ALBA, taic a chuir ri ionnsachadh Gàidhlig, brosnachadh a thoirt air leasachadh tàlant agus ar làn phàirt a chluich ann a bhith a' cruthachadh tuilleadh luach cultarach agus eaconamaigeach. Chan eil sinn air ar ceann-uidhe a ruighinn fhathast ge-tà, is tha gu leòr ri choileanadh sa bhliadhna tha romhainn. Ach tha e na adhbhar dòchais gu bheil an àireamh de dhaoine a chaidh an sàs ann an cofharpais didseatach filmichean goirid, FilmG, agus LearnGaelic, an làrach-lìn airson luchd-ionnsachaidh Gàidhlig, air an ìre as àirde a-riamh a ruighinn. Chan eil teagamh nach eil miann aig barrachd is barrachd de luchd-amhairc is luchd-cleachdaidh air stuthan ann an Gàidhlig agus 's e adhbhar mhisneachd a th' ann gu bheil òigradh gu h-àraigdeònach Gàidhlig a chleachdadhan a bhith a' cruthachadh sgeulachdan tro FilmG. Ach chan eil sinn ach aig fior thoiseach na slighe seo.

I have great pleasure in reporting that in March 2014 a richly entertaining schedule of programmes on BBC ALBA signed off a year of strong performance for MG ALBA. Our three key audience propositions – BBC ALBA, FilmG and LearnGaelic – each enjoyed their most successful year, with more people than ever benefitting from the availability and accessibility of high quality Gaelic media content.

MG ALBA's core remit is to bring high quality Gaelic programming to audiences in Scotland and we fulfil this through BBC ALBA, which we fund and operate in partnership with the BBC.

Partnership is at the heart of the way we work. Our key partner, the BBC, brings many benefits to Gaelic broadcasting, including the brand, its programmes, technology, distribution on TV and access to worldwide BBC news infrastructure. We continue to be delighted by the outcomes that this partnership is creating for viewers and users.

In 2013-14, BBC ALBA provided a valued service to the core Gaelic audience whilst also enjoying record audience numbers across Scotland. An average of seven out of 10 Gaelic speakers watched every week as part of the three quarters of a million weekly viewers in Scotland. The strong appeal of our programming to a wide range of audience groups also ensured the highest ever levels of awareness and approval for the channel. Other indicators of a successful year were awards received at the Celtic Media Festival, in which comedy Dà là san Dàmhair: Two days in October won the award for Best Entertainment and the LearnGaelic Beginner's Course App won the award for the Best App.

In the course of the year we have focused attention on ensuring that MG ALBA has strategies and resources in place to enable the long-term development of BBC ALBA, support Gaelic learning, foster the development of creative talent and play our full part in creating cultural and economic value. We are not there yet, and there is a significant amount to be achieved in the coming year. However it is with a measure of optimism that I can report that participation in our digital short film competition FilmG and the learners' website, LearnGaelic, was at its highest ever level. The demand for consumption of Gaelic media by audiences and by learners is proven, and it is encouraging to note that this is being matched by an increasing desire by young people in particular to create and share their own Gaelic content through FilmG. We are, however, only at the beginning of this journey.

'S e fear de na leasachaidhean as cudromaich a thachair sa bhliadhna mu dhereadh soirbheachas an iPlayer mar ùrlar-sgaoilidh do phrògraman Gàidhlig, gu h-àraidh am measg luchd-amhairc òga a tha a' cunnatais airson leth nan seallaidhean air-loidhne – a' chuid as mothà den seo air taibleatan. Tha e air leth riatanach gu bheil BBC ALBA a' cur taic ris an roinn chudromach seo de luchd-amhairc. Tha iad aig cridhe soirbheas na Gàidhlig san àm ri teachd, agus leis a' chunntas-sluaign a chaidh fhoillseachadh o chionn ghoirid a' sealtainn gu bheil an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba fo aois 20 air a dhol am meud chun iù 0.1% sna deich bliadhna a dh'halbh, tha dealas againn spionnad a dhèanamh ann an ro-innleachdan meadhanan Gàidhlig dhaibh ann an co-bhanntachd leis a' BhBC agus leis a' bhuidheann cànan Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig.

Le bhith a' stèidheachadh nan seirbheisean sin tha uallach oirnn a bhith mothachail, a bhith sùbailte agus a bhith a' stòr gus buannachd agus buaidh nam meadhanan Gàidhlig a leasachadh. Airson seo tha am Bòrd againn air trì amasan soilleir a stèidheachadh airson nan trì bliadhna tha romhainn: priomh luchd-amhairc BBC ALBA a shàsachadh 's aig an aon àm a bhith a' tàladh luchd-amhairc nas fharsainge gu nàiseanta; brosnachadh a thoirt air cultar gnìomhachais a thaobh nam meadhanan agus a thaobh ceannardas cruthachail agus dòigh-maoineachaidh fhad-ùine a stèidheachadh airson na seanail gus àireamh de nuadh-phrògraman làitheil àrdachadh bho 1.7 uairean gu trì uairean a thìde.

Tha an sgioba-obrach air tòiseachadh air na ro-innleachdan a dh'fheumar gus na h-amasan sin a choileanadh agus tha beagan adhartais air a thighinn mu thràth. Le taic bho Alba Chruthachail, tha Young Films air dràma ùr Gàidhlig – Bannan: The Ties that Bind – a riodhachadh, a gheibh a' chìad sealladh aig Fèis Film Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann, agus thathas an dòchas gun lean seo air adhart gu sreach leantainneach. Tha ar coimhairsnachd riodhachaidh a' cur fàilte air cùmhnan tan fad-ùine a tha toirt cothrom dhaibh còraichean IP a leasachadh agus a chleachdad, maoineachadh a shireadh à roinnean eile agus tàlantán agus sgilean a leasachadh. Tha dòchas againn gun cuir seo ri luach agus gun tèid beairteas cultarail a mheudachadh ann an coimhairsnachdan cho math ri bhith a' cur ri suidheachadh eaconamach na roinne. Tha dòchas againn gum bi dileab an seo de phrògraman de dh'àrd chàileachd, tuilleadh iarratas air an son is farsaingeachd air margaidhean is luchd-amhairc.

Le maoineachadh a bharrachd de £1m air a ghealltainn le Roinn a' Chultair, Mheadhanan agus Spòrs (DCMS) agus togail de £2.1m bho Riaghaltas na h-Alba thar 2014-15 agus 2015-16, feumar maoineachadh iomchaidh a chuir air chois airson na seanail. Chan eil na h-ìrean maoineachaidh a th' ann an-dràsta gu leòr airson àireamhan agus inbhe phrògraman a th' air BBC ALBA a leasachadh. Mur a tig tuilleadh maoineachaidh, tha an cunnart ann gun caillear taic bhon luchd-amhairc Ghàidhlig agus an luchd-amhairc

One of the most noteworthy developments in the past year or so has been the outstanding success of the iPlayer as a distribution platform for Gaelic programmes, particularly for younger viewers who account for half of online viewing – most of it on tablets. It is vitally important that BBC ALBA supports this key audience group. They are crucial for the future well-being of Gaelic, and with recently published census 2011 results showing a 0.1% increase in the last decade in the proportion of speakers in Scotland under the age of 20, we are committed to driving forward Gaelic media strategies for them in partnership with the BBC and with the Gaelic language agency, Bòrd na Gàidhlig.

With the establishment of those services also comes the responsibility to continue to respond to change and to continually improve the benefit and impact of Gaelic media. For this, our Board has set three clear objectives for the next three years: to grow BBC ALBA satisfaction among the core audience while maintaining national reach; to foster a culture of media entrepreneurship and creative leadership and to secure a long-term settlement for the channel that will enable it to increase average daily originations from 1.7 hours to three hours.

The Executive has embarked on a strategy to fulfil those objectives, and some progress has already been made. With support from Creative Scotland, Young Films has produced a new Gaelic drama – Bannan: The Ties that Bind – which will premiere at the Edinburgh International Film Festival and which we hope will lead to a longer-running series. Our production community is embracing the opportunity to see our long-term supply arrangements as an opportunity to develop and exploit intellectual property, secure third party finance and to develop talent and skills. This promises to add value and increase cultural wealth within communities, as well as to create improved economic health in the sector. We expect outcomes to include higher quality content, heightened demand and diversified markets and audiences.

With additional funding of £1m promised by the Department of Culture, Media and Sport (DCMS) and a Scottish Government uplift of £2.1m over 2014-15 and 2015-16, we need to secure an adequate funding base for the channel. Present funding levels are insufficient to improve upon the range of current BBC ALBA output. This brings its own danger of diminishing viewer support both from the Gaelic and the wider audiences. In order to fulfil our long stated ambition of three hours daily of original programming, we

choitcheann. Chuir sinn romhainn aig stèidheachadh na seanail gum faicear trì uairean a thìde de nuadh-phrògraman gach là agus gus sin a choileanadh feumar an tuilleadh airgid bhon Riaghaltas, am BBC agus buidhnean eile. Ni MG ALBA an dicheall geallaidean maoineachaidh fhaighinn bho na buidhnean seo gus seirbheis nas fheàrr a libhrigeadh aig an ire air a bheil ar luchd-amhairc taiceil agus dileas airidh.

Mar sin, bu mhath leam mo thaing a thoirt do ar luchd-maoineachaidh, com-pàrtichean agus luchd-ùidhe – am BBC, Ofcom, Riaghaltas na h-Alba, DCMS, Alba Chruthachail agus Bòrd na Gàidhlig am measg eile – airson an taic leantainneach. Tha an cuid taic deatamach do sheanail a dh'fheumas co-dhùnaidhean dhoirbh a dhèanamh air ciamar as fheàrr goireasan a chuir chun feum as fheàrr. Bu mhath leam gu h-àraidh taing a thoirt dhaibhsan a tha a' dèanamh, a' coimhead, a' cleachdad agus ris a bheil ar prògraman a' còrdadh, nam measg ar Bòrd agus luchd-obrach, co-obraichean aig a' BhBC, a' choimhairsnachd riochdachaidd agus a' choimhairsnachd Ghàidhlig, a thuilleadh air ar caraidean agus luchd-taic taobh a-staigh ball-coise na h-Alba, rugbaidh, iomain, ceòl agus an iomadach neach eile ann an Alba a tha gu mòr a' cur ri farsaingeachd is tlachd air BBC ALBA.

An dèidh sia bliadhna, tha sinn a' gabhail soraidh slàn le dithis Bhall, Dòmhnull Màrtainn agus Dòmhnull Iain MacAonghais, a bha nan Cathraichean air an dà Chomataidh aig MG ALBA, dreuchd a choilean iad le chèile le dicheall is gliocas. Am measg iomadh rud eile rinn Comataidh Inbhean lèirmheas air gnéithean phrògraman BBC ALBA agus chuir Comataidh Sgrùdaidh agus Dearbhaidh air adhart Deloitte mar luchd-sgrùdaidh ùra na buidhne. Tha sinn a' coimhead air adhart ri fàilte a chuir air Catriona Nic a' Phì agus Donaidh MacAmhlaigh chun Bhùird.

Ged, mar a thuirt mi na bu tràithe, a tha mi a' creidsinn gur e seo a' bhliadhna a bu shoirbheachail a th' air a bhith againn fhathast, tha gu leòr ri choileanadh. Bidh sinn ag obair cho cruaidh is a ghabhas anns a' bhliadhna a tha romhainn gus ar luchd-cleachdaidh a shàsachadh, le prògraman a bhithseas tlachdmhor, annasach agus aoibhneil agus gus an tuilleadh dhaoine a bhrosnachadh gu bhith an sàs anns na meadhanan Ghàidhlig. Tha sinn a' coimhead air adhart ri bliadhna thrang eile, a' sireadh goireasan ùra agus a' cruthachadh sàr phrògraman ann an Ghàidhlig airson luchd-amhairc air feadh Alba.

will require additional investment from Government, the BBC and third parties. MG ALBA will endeavour to obtain funding commitments from these organisations to deliver an enhanced service at the level that our supportive and loyal audience so rightly deserves.

On that note, I would like to express my appreciation to all of our funders, partners and stakeholders - the BBC, Ofcom, Scottish Government, DCMS, Creative Scotland and Bòrd na Gàidhlig amongst others - for their continued support. Their support is vital for a channel that is continually faced with tough decisions on how to find resources and focus them in the best way possible. I would like to thank particularly all those who make, view, enjoy and use our programming, including our own board and staff, colleagues at the BBC, the production community and the Gaelic community, as well as our friends and supporters within Scottish football, rugby, shinty, music and countless other walks of life in Scotland, who provide for such diversity and enjoyment on BBC ALBA.

After six years, we bid farewell to two Board members, Donald Martin and Donald John MacInnes. Both members latterly served as diligent and wise Chairs of the two MG ALBA committees. Among many things, the Standards Committee undertook a review of BBC ALBA's programme genres and the Audit and Assurance Committee managed the appointment process for new auditors. We look forward to welcoming Catriona MacPhee and Donnie Macaulay to serve on the Board for the next four years.

While, as I stated earlier, I believe this has been the best year to date, there is still much to be accomplished. We will be working harder in the coming year to find new ways to engage, delight and surprise our audiences, and inspire more people in Scotland to get involved with Gaelic media. We look forward to yet another productive and rewarding year ahead, seeking new resources and creating high quality Gaelic language content for viewers in Scotland.

Magaидh Choineagan | Cathraiche
Maggie Cunningham | Chairperson



LÈIRMHEAS AN ÀRD-OIFIGEIR

CHIEF EXECUTIVE'S REVIEW



SEIRBHEISEAN DO LUCHD-AMAISS

Tha mi toilichte innse gur e bliadhna adhartais a bha ann an 2013-14 anns a h-uile dòigh.

Anns a' bhliadhna 2013-14, bha barrachd dhaoine a' coimhead agus a' cleachdad nam meadhanan Gàidhlig na bha a-riamh roimhe. Agus a' cheart cho cudromach, bha iad ag innse gu bheil ìre mothachaidh agus taic airson BBC ALBA aig ìrean nach fhacas thuige seo.

Bha fàs mu choinneamh gach slat-tomhais a tha a' cunntais:

- **fàs de 13% san àireamh às a' cheud de dh'àireamh-sluaigh na h-Alba a bhios ag amharc BBC ALBA gach seachdain^①**
- **fàs de 65% de phrògraman Gàidhlig air am faicinn air iPlayer^②**
- **fàs de 97% ann an cleachdad www.learnagaelic.net**
- **fàs de 23% ann an àireamh filmichean airson FilmG**
- **fàs de 135% ann an cleachdad nam meadhanan sòisealta aig MG ALBA**

A thuilleadh air soirbheachas na seanail mu choinneamh luchd-amhairc nàiseanta, bha e taitneach gun robh BBC ALBA fhathast fallain ann am beachd coimhearsnachd na Gàidhlig, le barrachd is seachd a-mach à 10 a' coimhead na seanail gach seachdain.

Tha fileantaich agus luchd-ionnsachaidh air miann a nochdad airson nas lugha de phrògraman ath-chraolta agus airson prògraman dràma agus comadaidh. Ged nach eil sinn air a bhith air chomas a' chiad mhiann a tha sin a shàsachadh mar a dh'íarra maid, tha e na mhisneachadh gun deach sreacht ghoirid dràma – Bannan – a riochdachadh, le taic bho Alba Chruthachail. Tha sinn an dùil gun còrd an sgeulachd tharraingeach sin leis an luchd-amhairc nuair a thèid a chraoladh nas ainmiche ann an 2014 agus, leis an iomairt tha sinn a' dèanamh gus maoin a chosnadh air a shon, gun lean e gu sreacht nas fhaide.

Rinnear toileachas mòr ri comadaidh Dà Là san Dàmhair, a choisinn duais sa ghnè Dibhearsain as Fheàrr aig Fèis nam Meadhanan Ceilteach agus chuir sinn cuideachd fàilte chridheil air an duais a ghlèidh LearnGaelic.net an sin, airson an App as fheàrr.

SERVING OUR AUDIENCE

I am pleased to report that 2013-14 was a year of progress, in every way.

In 2013-14, more people than ever watched and used Gaelic media. And just as importantly, those same people told us that awareness of and support for BBC ALBA reached levels that have never been seen before.

We saw growth in every figure that matters:

- an increase of 13% in the percentage of the population of Scotland watching BBC ALBA each week^①
- an increase of 65% in the number of Gaelic programmes being watched on the iPlayer^②
- an increase of 97% in the users of www.learnagaelic.net
- an increase of 23% in the number of entries into the FilmG competition
- an increase of 135% in the number of people using MG ALBA social media

As well as the channel's success in terms of the national audience, we were pleased that BBC ALBA is still highly regarded by the Gaelic community, with more than seven out of 10 watching the channel each week.

Native speakers and learners alike want to see less repeats and more drama and comedy programming. Although we have not been able to address the issue of repeats as much as we would have liked, we were delighted that the short drama series – Bannan: The Ties that Bind – was produced, with support from Creative Scotland. We hope our audience will enjoy the strong storylines, when the programmes come to our screens in late 2014. We are currently working towards securing the funding that will enable the project to lead to a longer series.

Our viewers were delighted with the comedy programme, Dà Là san Dàmhair, which won the award for Best Entertainment show at the Celtic Media Festival. We were also pleased that LearnGaelic.net was also a winner at the Festival, winning the Best App award.

^① Tùs an dáta | Data source: TNS Omnibus, Scottish Opinion Survey, sample 1,011 adults from across Scotland

^② Tùs an dáta | Data source: BBC (iStats Analytics)

Tron bhliadhna, an lùib gach dùbhlàan eile, rinn sgioba phrògraman na seanail saothair gus BBC ALBA a dhèanamh nas tarraingiche do bhoireannaich na h-Alba, agus chunnaic sinn toradh nan ro-innleachdan a chur iad an cèill agus sinn a' faicinn àireamh nàiseanta nam boireannach a' meudachadh agus a' tighinn nas fhaisge air àireamh nam fireannach. Sheas cleachdadh na seanail an lùib Ghàidheil aig 72% ruigse gach seachdain, le co-ionannachd ann eadar bhoireannaich agus fhireannaich, a dh'aindeoin nach robh ach 1.7 uaireannan de phrògraman ùra air a chraoladh gach latha, an coimeas ris an trì uair gach latha a tha sinn a' measadh iomchaidh airson seirbheis choileanta.

IONMHAS

Ann an 2013-14, thàinig teachd a-steach de £12.275m bho Riaghaltas na h-Alba, £5k nas lugha na bhliadhna roimhe. Cheadaich sin 433 uaireannan de nuadh-phrògraman maoiniichte le MG ALBA airson craoladh air BBC ALBA, trì a bharrachd air 2012-13. Chuir an seanail feum cuideachd air 220 uairean de phrògraman maoiniichte leis a' BhBC. Bha £2.9m de stoc phrògraman againn aig deireadh na bliadhna, mar bu chòir a rèir poileasaidh a' chompanaidh, agus bha £202.5k de dh'airgead ullamh ann, taobh a-staigh riaghailtean ionmhaisail na buidhne.

Bha £300k den teachd a-steach, mar thabhartas calpa, air a thoirt seachad a dh'aon ghnothaich airson oifisean agus stiùidiathan na buidhne ann an Steòrnabhagh a leasachadh gus am biodh iad nan dachaigh freagarrach airson telebhisean agus rèdio Gàidhlig. Chaith an obair sin a chriochnachadh gu soirbheachail, agus aig toiseach 2014-15, curidh sinn fàilte air sgioba BBC Radio nan Gàidheal agus air toiseach tòisichidh ùr de cho-obrachadh agus de chothroman airson nam meadhanan Gàidhlig anns na h-Eileanan an Iar.

Throughout the year, our content team worked extremely hard to meet many challenges, including BBC ALBA attracting more female viewers across Scotland. We saw the fruits of these labours, with growth in the national female audience figures bringing them closer to those of the male audience. The numbers of Gaels watching the channel were evenly distributed between male and female and overall weekly reach remained high at 72%, despite the fact that only 1.7 hours of original programming were broadcast daily compared with the three hours that we believe are necessary to provide a comprehensive service.

FINANCE

In 2013-14, grant-in-aid of £12.275m was received from the Scottish Government, £5k less than the previous year. This funded 433 original hours of programmes for broadcast on BBC ALBA, three more than in 2012-13. The channel also benefited from 220 hours of BBC-funded programmes. We had £2.9m of programme stock at the end of the year, in line with company policy, as well as £202.5k of cash, which was within company's financial parameters.

Of the grant-in-aid, £300k was a capital grant allocated specifically to the development of the offices and studio facilities in Stornoway, to make them a fitting home for Gaelic television and radio. That work was completed successfully and we look forward to welcoming our friends and colleagues from BBC Radio nan Gàidheal to our premises at the beginning of 2014-15, as together we open a new chapter in the story of Gaelic broadcasting in the Western Isles.



**THA AR CO-BHANNTACHD LEIS A' BhBC AIR A BHITH MAR
DHEAGH SHAMHLA DE CHOM-PÀIRTEACHAS.**

DAOINE

Tha MG ALBA agus BBC ALBA gu mòr an eisimeil saothrach agus proifeiseantachd nan sgrìobhadairean, riochdairean agus gach neach tàlantach a tha a' nochdad air an sgàilean agus a tha a' dèanamh agus a' lìbhrigeadh phrògraman BBC ALBA. Nan cuideachd, tha sgiobaidhean na seanail – clàr na seanail, coimiseanadh, dreach na seanail, margaidheachd, ionmhas, gnìomhachas, teicneòlas, rianachd is conaltradh - a tha a' strì gu dicheallach agus gu soirbheachail gus am bi na meadhanan Gàidhlig air an cleachdadadh gu làitheil ann an Alba agus aithnichte fad is farsaing airson sàr-mhathais.

Tha sinn cuideachd fada an comainn ar Cathraiche agus ar Bòrd, ar riaghladair Ofcom agus ar maoineadair Riaghaltas na h-Alba airson an cuid taic is dìlseachd.

Tha ar co-bhanntachd leis a' BhBC air a bhith mar dheagh shambla de chom-pàirteachas. Tha sinn taingeil dha-rìribh dhaibhsan agus tha sinn gam brosnachadh gus obair a dhèanamh còmhla airson BBC ALBA a leasachadh agus a thoirt a dh'ionnsaigh coileantachd thairis air na bliadhnaichean a tha romhainn.

Tha an neach-amhairc agus an neach-cleachdaidh aig toiseach agus aig crìch ar n-adhbhar-bith agus 's e urram a tha ann a bhith air chomas frìthealadh a dhèanamh air gach fear is tè a tha a' gabhail pàirt sna meadhanan Gàidhlig.

OUR PEOPLE

MG ALBA and BBC ALBA are very much indebted to the writers, to the producers and to each and every talented person who appears on-screen, for their hard work and professionalism in making and presenting programmes for the channel. Equally deserving of praise are our behind-the-scenes channel teams – scheduling, commissioning, presentation, marketing, finance, business affairs, technology, administration and communications – who diligently and successfully strive to ensure that Gaelic media are in daily use in Scotland and are universally recognised for excellence.

We are also grateful to our Chair and Board, our regulator Ofcom and main funder, the Scottish Government, for their unstinting support.


Our partnership with the BBC has been an example of how collaboration can work. We are grateful to them and we encourage them to work with us to develop BBC ALBA and to achieve even more in the years ahead.

Viewers and users of Gaelic media are at the heart of what we are about. It is a privilege to be able to serve each and every one of you.

Dòmhnull Caimbeul | Àrd-Oifigear
Donald Campbell | Chief Executive



Sandra Mhoireach – Stoidhle (*Moja*)



★
LÈIRMHEAS AIR
GNÌOMHAN &
GNOTHAICHEAN
ACTIVITIES
& BUSINESS REVIEW

RO-INNLEACHD AGUS GOIREASAN

Tha MG ALBA a' coileanadh a dhleastanas gu ìre mhòr tro BhBC ALBA, an t-seirbheis telebhisein agus ioma-mheadhain Gàidhlig a tha e a' ruith ann an co-bhanntachd leis a' BhBC. Tha aonta laghail edadar MG ALBA agus am BBC, a tha a' cur an cèill mar a thèid BBC ALBA a ruith leis an dà bhuidhinn agus na stòrasan a chuireas gach buidheann ris a' phròiseact. Tha a' cho-bhanntachd seo air a stiùireadh le Bòrd na Co-bhanntachd.

Ann an 2013-14, choinnich Bòrd MG ALBA sia tursan, le Magaidh Choineagan sa chathair. Bheachdaich am Bòrd gu mionaideach air ro-innleachd agus poileasaidhean na buidhne agus air cùmhnan tan ùra airson Pasgain phrògraman airson 2014 gu 2016. Ghabh am Bòrd comhairle bho na Comataidhean agus chuir iad an cèill na nithean a chaidh a mholadh leotha.

Tron bhliadhna, choinnich a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh ceithir tursan, le Dòmhnull Màrtainn sa chathair. Bheachdaich a' Chomataidh air gnothaichean co-cheangailte ris an togalach ùr ann an Steòrnabhagh a thèid a cho-roinn leis a' BhBC bho Chèitean 2014 air adhart; rinn i ùrachadh air na Gnàth-riaghailtean, Sgeama Chumhachdan Tiomnaichte MG ALBA agus Còd Giùlain nam Ball, agus chaidh Deloitte a stèidheachadh leis a' Bhòrd mar sgrùdairean MG ALBA, a rèir moladh na Comataidh. Dh'aontaich a' Chomataidh gum biodh MG ALBA a' leasachadh mar a thathar a' cur taic ri trèanadh, agus bheachdaich i air feumalachdan an ama ri teachd airson seirbheisean sgrùdaidh in-thaigh.

Choinnich Comataidh Inbhean ceithir tursan ann an 2013-14, le Dòmhnull Iain MacAonghais sa chathair, agus chaidh beachdachadh air cùisean a thaobh craoladh agus cànan phrògraman MG ALBA. Rinn a' Chomataidh lèirmheas air na gnèithean a leanas a tha air BBC ALBA: Foghlam, Ionnsachadh, prògraman Chloinne, Spòrs, Naidheachdan & Cùisean Làitheil, Ceòl agus prògraman Aithriseach agus bha aire na Comataidh gu sònraichte air feabhas agus air ìrean na Gàidhlig sna prògraman sin. An ath-bhliadhna, bithear ag ùrachadh a' phoileasaidh a th' ann airson Gàidhlig ann am prògraman. Chaithd leasachadh a dhèanamh cuideachd air ro-innleachd rannsachaiddh na buidhne agus chaidh pròiseact rannsachaiddh eitneòlach a chur air dòigh a bhiodh a' rannsachadh dhòighean cleachdaidh nam meadhanan an lùib òigridh aig a bheil Gàidhlig. Bidh toraidhean an rannsachaiddh seo gan sgrùdadh ann an 2014-15 agus thèid a chur gu feum ann a bhith a' dealbhachadh ro-innleachdan nam meadhanan airson daoine òga le Gàidhlig.

STRATEGY AND OPERATIONS

MG ALBA fulfils its remit principally through BBC ALBA, the Gaelic television and multi-media service which it operates in partnership with the BBC. MG ALBA and the BBC have entered into a collaboration agreement that sets out the terms on which the two organisations run BBC ALBA, and the resources that they provide to the project. The partnership is overseen by a Joint Management Board.

In 2013-14, the Board met on six occasions, under the chairmanship of Maggie Cunningham. The Board considered in detail the forward strategy and policies of the organisation and the volume deals 2014 to 2016. They also took advice from the two Committees and dealt with the matters raised by them.

The Audit & Assurance Committee met on four occasions, under the chairmanship of Donald Martin. It approved arrangements for the new premises in Stornoway in which the BBC will be co-located from May 2014; it reviewed MG ALBA's Standing Orders, Scheme of Delegation and Members' Code of Conduct, and on the recommendation of the Committee, the Board appointed Deloitte as the new auditors. The Committee agreed to refocus the organisation's approach to training and kept under review the need for an internal audit.

The Standards Committee met on four occasions, under the chairmanship of Donald John MacInnes, and considered the editorial and linguistic aspects of MG ALBA's programming. The Committee reviewed the following BBC ALBA programme genres: Education, Learning, Children's programming, Sport, News and Current Affairs, Music and Factual programming and the Committee's main focus was on the quality and level of Gaelic in those programmes. The Committee will be renewing the policy for Gaelic in programmes in 2014-15. The organisation's strategy for research was also developed and an ethnographic research project was commissioned to provide information on the media habits of young Gaelic speakers. The results of this research will be reviewed in 2014-15 and will inform future media strategies for young Gaelic speakers.

Ann an co-chomhairle le Ofcom, tha am Bòrd a' gabhail ri Plana Obrachaidh a tha cuideachd a' comharrachadh raointeann anns a bheil gnìomhan MG ALBA a' cur ri Builean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba. Tha an coileanadh a rèir Plana 2013-14 air a chur an cèill air duilleig 18 san aithris mu amasan agus toraidhean.

Tha fàs BBC ALBA na amas aig a' Bhòrd. Ann an 2013-14, chuir am Bòrd fòcas air ceumannan leasachaidd airson na seanail agus chunnacas gealtnanas airgid bhon DCMS airson £1m airson 2015-16, agus prògraman ùra dràma agus comadaidh gan dèanamh gus frithealadh nas fheàrr a dhèanamh air Gaidheil a tha an lùib an luchd-amhairc. Chuir sinn spionadh as ùr ann a bhith a' co-obrachadh le companaidhean gus prògraman tarraingeach a thoirt gu buil a thuilleadh air barrachd co-obrachaidh agus co-maoineachaidh. Chuir sinn an t-siathamh co-fharpais FilmG air chois gus taic a chur ri com-pàirteachais sna meadhanan ann an sgoiltean agus ann an coimhearsnachdan agus lean sinn le bhith a' cur taic ri oilleanaich a' faighinn a-steach gu gnìomhachas nam meadhanan agus ri leasachadh phroifeiseanta leantainneach do dhaoine fa leth sa choimhearsnachd chruthachail.

In consultation with Ofcom, the Board adopts an annual Operational Plan, which also identifies areas in which MG ALBA activities contribute to the Scottish Government's National Outcomes. Performance against the 2013-14 Plan is set out in the statement of objectives and outcomes on page 18.

The Board is committed to the growth of BBC ALBA. In 2013-14, the Board focused on developing the channel and the DCMS made a funding commitment of £1m for 2015-16 and new drama and comedy programmes were commissioned in order to better serve the core audience. We renewed our emphasis on programme collaborations in order to secure new investment into compelling content propositions as well as more co-productions. The 6th annual FilmG competition continued to support media participation in schools and communities and we also continued our support for students making the transition into industry and for the continuing professional development of individuals in the creative community.

AMASAN & TORAIIDHEAN OBJECTIVES & OUTCOMES

AMASAN OBJECTIVES

AR DAOINE IS AR LUACHAN OUR PEOPLE AND OUR VALUES

Airgead a thasgadh ann an leasachadh phroifeiseanta agus phearsanta an luchd-obrach gus àrdachadh èifeachdach fhaighinn sa bhuidhinn

Invest in the professional and personal development of staff in order to increase operational effectiveness

TORAIIDHEAN OUTCOMES

Planaichean trèanaidh luchd-obrach air an cur an sàs; lèirmheas Creideas nar Cosnaichean ri libhrigèadh san Ògmhios 2014

Staff training plans in place; Investors in People review due June 2014

SUSBAINTELEBHISEIN TELEVISION CONTENT

Gun ruig BBC ALBA 70% de phriomh luchd-amhairc agus 10% de luchd-amhairc nas coitchinne gach seachdain agus 2m seallaidean air an iPlayer

BBC ALBA to reach 70% of the core audience and 10% of the wider audience each week, and 2m iPlayer viewings

Cùm suas iomadachd gnè, càileachd agus luach an airgid à solar nam prògraman

Maintain diversity of genre, quality and value for money from programme supply

Leantainn air adhart le bhith a' toirt seirbheis nas fheàrr do luchd-cleachdaidh neo-dhìreach nam meadhanan Gàidhlig

Continue to improve service to non-linear users of Gaelic media content

- Prìomh luchd-amhairc: 72.4% gu h-iomlan (76.8% airson luchd-bruidhinn na Gàidhlig a tha fileanta)
- Ruigse seachdaineil air feadh Alba: 17.6% (751,000)
- Ruigse an iPlayer = 6.75m
- Core audience: 72.4 % overall (76.8% for fluent Gaelic-speakers)
- Scotland-wide weekly reach: 17.6% (751,000)
- iPlayer reach = 6.75m

Irean cordaidh an luchd-amhairc a' fàs, le ruigse, mothachadh agus cordadh na seanail a' dol am meud

Audience appreciation levels growing with increased reach, awareness and approval of the channel

Dh'fhàs an àireamh de dhaoine a tha a' tadhail air na làrach-lin mar a leanas:

Visits to the following websites increased by:

- LearnGaelic.net: 97%
- FilmG.co.uk: 375%
- mgalba.com: 14%
- Twitter: 167%
- Facebook: 101%

AMASAN OBJECTIVES

Prògraman a bharrachd fhaighinn gu luchd-amhairc tro ro-innleachd coimiseanadh uile choileanta

Achieve greater output through 360 degree commissioning strategy

Sreath dràma a leasachadh airson BBC ALBA

To develop a serial drama for BBC ALBA

RANNSACHADH RESEARCH

Fiosrachadh nas fheàrr fhaighinn à rannsachadh luchd-amhairc

Improve quality of audience reach data

Rannsaich raointean ùidh sònraichte do ro-innleachd phrògraman BBC ALBA

Research specific areas of interest for BBC ALBA programme strategy

TORAIÐHEAN OUTCOMES

Ri linn prògraman telebhisein a tha air an coimiseanadh, gheibhear prògraman ràdio craolta air diofar stèiseanan agus goireasan air-loidhne

Radio simulcasts and online resources provided on the back of TV commissioning

Sreath de trì prògram deuchainn de 'Bannan: The Ties that Bind' air an clàradh agus aig iù deasachaidh. Tha planadh airson sreath leantainneach a' dol air adhart, an eisimeil an ionmhais a bhios ri fhaighinn

Pilot mini-series 'Bannan: The Ties that Bind' in post-production and planning for a long-term series is ongoing, dependent on available resources

Dàta air fhaighinn bhon phannal rannsachaidh on choimhairsnachd Ghàidhlig, a' gabhail a-steach rannsachadh a bharrachd air an dòigh sa bheil daoine a tha fileanta agus daoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig a' cleachdadh na seanail

Data acquired from the Gaelic research panel, including additional research into the way fluent and non-fluent speakers use the channel

An dùil ri pròiseact rannsachaidh, a' coimhead ri cleachdaidhean daoine òga le Gàidhlig a thaobh nam meadhanan, ann an 2014

Research project into young Gaelic speaker's media usage habits due to report 2014

AMASAN OBJECTIVES

MARGAIDHEACHD & SANASACHD MARKETING & PROMOTIONS

Ìrean àrda san t-sùim a tha na meadhanan a' cur ann am prògraman BBC ALBA a ghintinn

Generate high levels of media interest in BBC ALBA programming

Àrdaich ainm MG ALBA mar phrìomh bhuidheann-taic do leasachadh agus adhartachadh na Gàidhlig tro na meadhanan

Build the brand of MG ALBA as a leading contributor to the development and promotion of Gaelic through media

Mothachadh seasmhach de phrògraman BBC ALBA tro shanasachd eadar-seanail air seirbheisean eile a' BhBC

Consistent awareness of BBC ALBA content through cross-promotion on other BBC platforms

TRÈANADH SA GHNIOMHACHAS INDUSTRY TRAINING

Taic a thoirt do luchd-déanamh phrògraman BBC ALBA gus na feumalachdan aca a thaobh sgilean a choileanadh, aig an àm a tha an làthair agus san àm ri teachd

Support BBC ALBA programme makers to meet their current and projected skills needs

Thoir comes do leasachadh tàlit agus com-pàirt nam meadhanan didseatach aig ìre sgoile agus coimhearsnachd

Enable the development of talent and digital media participation at school and community level

Cuir ri leasachadh luchd-labhairt na Gàidhlig bhon àite-ionnsachaidh chun àite-obrach

Contribute towards the progression of Gaelic-speakers from the place of learning to the workplace

TORAIIDHEAN OUTCOMES

Chaidh còrr is 500 artaigil bho na meadhanan an sgrùdadha: 86% posataibh, 16% neo-phàirteach and 1% neagataibh

Media monitoring recorded over 500 press articles: 86% positive, 16% neutral and 1% negative

Soirbeas ann an margaidheachd ainm MG ALBA tro na meadhanan naidheachd; na meadhanan sòisealta; www.mgalba.com; pròiseact FilmG; agus càirdeas a thogail leis an luchd-ùidhe. DVDan agus stuthan taic air am margaidheachd gu soirbheachail

MG ALBA brand successfully promoted via press coverage; social media; www.mgalba.com; the FilmG project; and stakeholder engagement activities. Successful promotion of DVDs and secondary products

Sanasachd eadar-seanail nas fheàrr air an cur an sàs leis a' BhBC

Improved cross-promotions planning in place with the BBC

Planaichean CPD ann an àite le priomh sholarachean MG ALBA

CPD plans in place at all major suppliers to MG ALBA

Pròiseact soirbheachail FilmG

Successful FilmG project

Planadh a' dol air adhart: an dùil ri structaran ùra ann an 2014/15

Planning ongoing: new structures expected in 2014/15

AMASAN OBJECTIVES

GOIREASAN OPERATIONS

Goireasean Steòrnabhaigh air an cur gu làn fheum airson rianachd is toradh BBC ALBA agus BBC Radio nan Gàidheal

Stornoway facilities fully utilised for BBC ALBA and BBC Radio nan Gàidheal media management output

Amaladh soirbheachail eadar am BBC agus MG ALBA aig oifisean agus stiùidiothan MG ALBA

Successful integration of BBC with MG ALBA at MG ALBA offices and studios

CRUTHACHADH LUACH SÒISEALTAIS CREATING SOCIETAL VALUE

Faigh 3% sàbhalaidhean an cò-rèir ri targaid èifeachdais na roinne poblach aig Riaghaltas na h-Alba

Achieve 3% efficiencies, in line with Scottish Government's public sector efficiency target

Cumail ri poileasaidh agus cur an sàs pròiseact Uallach Chorporra agus Shòisealta gus co-obrachadh leis, agus/no obraichean a thoirt don choimhairsnachd

To comply with policy and execute a Corporate Social Responsibility project enabling inclusion and/or employability in the community

Cleachdadh nan goireasan a th' air an ùr-leasachadh agus an suidheachadh ùr co-obrachaidh eadar MG ALBA agus am BBC gus maith na coimhairsnachd ann an dòighean foghlaim, càinain agus sòisealta

Using the newly developed facilities and co-location of the BBC with MG ALBA to develop MG ALBA interface with the community with resultant educational, linguistic and social benefits

Cuir ri coileanadh Builean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba gu sònraichte àireamhan 2,3,4,13,14 agus 15

To contribute to the fulfilment of the Scottish Government's National Objectives particularly nos. 2,3,4,13,14 and 15

TORAIIDHEAN OUTCOMES

Goireasan Steòrnabhaigh air an cur gu làn fheum agus thòisich BBC Radio nan Gàidheal a' craoladh san togalach anns a' Chèitean 2014

Stornoway facilities fully utilised and BBC Radio nan Gàidheal started broadcasting in facilities in May 2014

Pròiseact co-shuidheachadh deiseil Cèitean 2014

Co-location project completed May 2014

Air a choileanadh

Achieved

Taic airson dà phròiseact coimhairsnachd ionadail a thaobh nam meadhanan nan àite

Support for two local community media projects in place

Trì obraichean samhraidh; dha chothrom obrach foirmeil; cothrom 'ad hoc' èolas fhaighinn air a' gniomhachas agus taic airson pròiseactan sgoile ionadail

Three summer placements; two formal work experience opportunities; ad hoc shadowing and support for local schools projects

Coileanta ach measadh neo-eisimeileach a dhìth

Achieved but independent review required






A REVIEW OF THE YEAR

BBC ALBA AND OTHER GAELIC MEDIA CONTENT





Chì mi'n Tir: From Harris with Love
(*Corcadal Productions*)



②



③



④



Mairi Morrison & Greg Hempill - Dà Là san
Dàmhair: Two Days in October (*The Woven Thread*)



①



⑤

1. Ian Scarr-Hall – Chì mi'n Tir: From Harris with Love (*Corcadal Productions*)
2. Gun Dachaigh: Homeless (*Eyeline Media*)
3. Buill Buidheann Stalcaidh na Hearadh – Chì mi'n Tir: From Harris with Love (*Corcadal Productions*)
4. Michelle McManus a' cur taic ri LearnGaelic.net @ Mod 2013
5. Mike & Donna Bone – Trusadh: Gaisgich nan Goireasan: The Ladies and Gents (*mactv*)
6. Fiona NicChoinnich – Dà Là san Dàmhair: Two Days in October (*The Woven Thread*)



LUCHD-AMHAIRC

Bha 2013-14 na shàr bhliadhna airson luchd-amhairc BBC ALBA. Chaidh ruigse chuibheasach seachdainneach am measg sluagh na h-Alba suas bho 15.6% gu 17.6% (751,000). Bha ruigse am measg sluagh na Gàidhlig aig 72%, beagan nas isle na bha e an-uiridh ach co-ionnan ris an ruigse chuibheasach de 72% bho thòisich an t-seanail a' craoladh ann an 2008. Bha ruigse am measg fileantaich na Gàidhlig aig 77%, an coimeas ri 68% den luchd-amhairc nach eil cho fileanta no a tha ag ionnsachadh.

Bha cuid de ar prògraman ùra nan tarraing mhòr dha ar prìomh luchd-amhairc. B' e **Chì mi'n Tìr: From Harris with Love** (*Corcadal Productions*), sgeulachd mu chuid dhe na daoine a tha a' fuireach air eilean àlainn na Hearadh, gu h-àraidh muinnitir A' Chinn a Tuath, am prògram as mothà a chòrd ris an luchd-amhairc Gàidhlig as t-Foghair. Bha **Dà Là san Dàmhair: Two Days in October** (*The Woven Thread*) – comadaidh a' toirt sùil air sianar a tha gu math eadar-dhealaichte a bha air an tarraing chun Mhòd airson adhbharan eadar-dhealaichte - am measg nam prògraman a chòrd ris a' phrìomh luchd-amhairc agus choisinn e duais sa ghnè Cur-seachad as Fheàrr aig Fèis nam Meadhanan Ceilteach ann an 2014.

B' e na naidheachdan a' ghnè a b' fheàrr a chòrd ri luchd-bruidhinn na Gàidhlig a-rithist, le bliadhna làidir eile aig **BBC An Là**. B' e **Cèilidh na Bliahdhn' Ùire: Hogmanay Show** (*BBC*) agus prògraman beò bho **Mhòd 2013** (*BBC*) na prògraman a bu mothà a thug buaidh air luchd-labhairt na Gàidhlig. Am measg na feadhna nach eil a' bruidhinn Gàidhlig agus a tha a' coimhead BBC ALBA gu cunbalach, b' e prògraman spòrs, ciùil agus aithris a bha a' còrdadh riutha.

Roghnaich iomadh neach cuideachd BBC ALBA a choimhead air an iPlayer, leis an àireamh a' sìor fhàs am bliadhna a-rithist le 6.75m seallaidhean de ar prògraman. Tha e follaiseach gu bheil an dòigh sa bheil an luchd-amhairc a' coimhead phrògraman air an iPlayer, gu h-àraidh am measg na h-òigridh, a' gluasad air falbh bho choimpiutairean gu innealan-làimhe mar taibleat.

PRÒGRAMAN AITHRISEACH

Tha BBC ALBA air cliù a chosnadh airson a bhith a' toirt sgeulachdan gu luchd-amhairc na h-Alba. Thug **Gun Dachaigh: Homeless** (*Eyeline Media*), a bha ainnichte airson duais aig Fèis nam Meadhanan Ceilteach, sùil air

AUDIENCES

2013-14 was another excellent year for BBC ALBA audiences. Average weekly reach Scotland-wide grew from 15.6% to 17.6% (751,000). Reach with the Gaelic population was 72%, slightly down on the previous year but on a par with the average of 72% reach since channel launch in 2008. Reach with fluent Gaelic speakers was at 77%, compared to 68% with less fluent and learning audiences.

Some of our newest programmes gained much attention from the core viewership. **Chì mi'n Tìr: From Harris with Love** (*Corcadal Productions*), a chronicle of life in the unique island community of North Harris, was the autumn's most appreciated show for Gaelic speakers. An hour-long comedy shot in observational documentary style, **Dà Là san Dàmhair: Two Days in October** (*The Woven Thread*), and featuring a mix of scripted and improvised performance, followed six characters on their journey to Gaeldom's annual festival, the Mòd. It was amongst the programming that drew the biggest core audience and was awarded 'Best Entertainment Programme' at the Celtic Media Festival in 2014.

The most watched genre for Gaelic speakers remained daily news, marking another strong year for **BBC An Là**. Once again our live **Cèilidh na Bliahdhn' Ùire: Hogmanay Show** (*BBC*) and live **Mòd 2013** (*BBC*) topped the reach charts with Gaelic speakers. Sport, music and factual programming remain the three genres most favoured by the growing number of non-Gaelic speakers who regularly watch BBC ALBA.

Many people also chose to view BBC ALBA on the iPlayer, with viewer numbers growing substantially again this year with 6.75 million views of our programming. The platform for iPlayer viewing, especially for younger audiences, is clearly moving away from traditional PCs to mobile devices like tablets.

FACTUAL

BBC ALBA has grown a reputation for strong primetime storytelling for Scottish audiences. **Gun Dachaigh: Homeless** (*Eyeline Media*) was a Celtic Media Festival nominated film which put a human face to the grim

cò ris a tha e dà-rìribh coltach a bhith gun dachaigh ann an Alba. Ann an **Bràithrean na h-Àirce: My Brother, the Ark Raider** (*Plainview Films*), shiubhal Derick MacCinnich don Tuirc gus faighinn a-mach dè a thachair dha bhràthair a chaidh air chall an uair a bha e a' coimhead airson Àirc Nòah air Beinn Ararat. Anns a' phrògram aithris **Gaisgich na Camanachd: Shinty Heroes** (*BeesNees Productions*), fhuair sinn sùil air a' bhuaidh a bha aig a' Chogadh Mhòr air camanachd agus air a' Ghàidhealtachd, agus thug am prògram seo na prògraman cuimhneachaidh air BBC ALBA mun Chiad Chogadh gu tòiseachadh. Thug am prògram blàth seo sùil orrasan a bhuanach Cupa na Camanachd ann an 1913, an oidhche mus do thòisich a' Chiad Chogadh, agus air dè na bha an dàn dhaibh. Thug dileab a' Chogaidh agus na h-oidhirpean gus dèiligeadh ris dhuinn am prògram **Cunnart** (*BBC Gàidhlig*) - prògram a' toirt sealladh air leth air an t-saoghal aig Dòmhnull Dòmhnullach à Leòdas a tha air an fhichead bliadhna mu dheireadh a chuir seachad ann an cuid de na dùthchannan as cunnartaiche san t-saoghal a' dèanamh cinnteach gu bheil bombaichean 's mèinnean talmhainn air an dèanamh sàbhailte.

'S e Bethesda an aon ospais sna h-Eileanan Siar agus tha e na ionad teàrmann airson euslaintich agus an teaghlaichean. Ann an **Bethesda** (*Midas Multimedia*), thairis air beagan mhìosan, lean BBC ALBA cuid de na daoine agus na tachartasan san ospais, le sùil air bho thaobh an luchd-obrach, na h-euslaintich agus na daoine a tha ag obair gu saor-thoileach.

Tha **Trusadh** (*mactv*) na ghnè air BBC ALBA air am bheil an luchd-amhairc eòlach agus tha e a' toirt dhuinn measgachadh de chuspairean le sgeulachdan phearsanta aig cridhe gach prògram. Ann an **An Galar Dìomhair: The Private Disease**, fhuair sinn sgeulachd an tinneis fhalaichte, an Galar Crohn's, agus chuala sinn bhuapsan a tha a' dèiligeadh ris an tinneas seo bho là gu là. Gach bliadhna tha na míltean de theaghlaichean a' faighinn taic bho Shiostam Èisteachd na Cloinne, dòigh-obrach sònraichte na h-Alba ann a bhith a' toirt càram agus ceartas seachad do chloinn agus daoine òga a tha ann an trioblaid. Ann an **Èist ris a' Chloinn: The Children's Panel**, cluinnidh sinn mu obair Pannal na Cloinne, le sgeulachdan bho chuid de na chaidh tron t-siostam mar chlann.

Thug **Trusadh** gàire gu ar n-aodainn cuideachd **Ie Gaisgich nan Goireasan: The Ladies and Gents**. Anns a' phrògram èibhinn seo, fhuair sinn beachd air cò ris a tha e coltach

statistics of Scotland's homeless. A brother's search for his missing sibling took our viewers on a journey from Lewis to the foothills of Mount Ararat in **Bràithrean na h-Àirce: My Brother, the Ark Raider** (*Plainview Films*) as Derick Mackenzie tried to discover the truth about his brother, Donald, who went missing while looking for the biblical Ark. A documentary, **Gaisgich na Camanachd: Shinty Heroes** (*BeesNees Productions*) explored the lasting effects of the Great War on shinty and on the Highlands, and marked the beginning of the WW1 commemoration on BBC ALBA. This moving programme looked at the Camanachd Cup winners of 1913 on the eve of World War I and their fate. The continuing legacy of war and the efforts to deal with it provided the story of **Cunnart** (*BBC Gàidhlig*), a documentary following Lewisman Donald MacDonald who has spent the last twenty years disposing of landmines and bombs in some of the world's most troubled regions.

Bethesda is the only hospice in the Western Isles, a sanctuary for terminally ill patients and their families. Over several months, BBC ALBA followed people and events in the hospice and the programme, **Bethesda** (*Midas Multimedia*), offered viewers a rare insight into hospice life through the eyes of staff, patients and volunteers.

BBC ALBA's regular documentary strand **Trusadh** (*mactv*) has offered the audience an eclectic mix of programmes with powerful personal testimony at the heart of many. **An Galar Dìomhair: The Private Disease** told the story of the hidden illness of Crohn's disease exploring the range of possible reasons and triggers for the disease with poignant and moving accounts from those living with Crohn's being shared. **Èist ris a' Chloinn: The Children's Panel**, took a look at Scotland's unique care and justice system for children and young people who are in trouble or at risk. At its core is the work of the Children's Panel. We heard from panellists and candid accounts from those who went through the system as children.

Trusadh also made us smile with its light-hearted look at the world of public toilets in, **Gaisgich nan Goireasan: The Ladies and Gents**. This programme lifted the lid on




1. Cunnart (*BBC Gàidhlig*)
2. Dr. Andrew Naylor – Trusadh: Slàinte na Sgire: An Island Practice (*mactv*)
3. A' sìreadh Uile-bhèist Loch Nis – Nationwide an Alba (*BBC Gàidhlig*)
4. Alasdair Friseal – Nationwide an Alba (*BBC Gàidhlig*)
5. Carol Somerville, D.R. Dòmhnaillach, Anne Nicléoid & Catherine Gomez – *Bethesda* (*Midas Multimedia*)
6. Mnathan-glùine: Midwives (*Eyeline Media*)





SWAGs (*BBC Gàidhlig*)



②



①



③



④



⑤

Siubhal le Shepherd - Robbie Shepherd
(*Bees Nees Media*)



⑥

a bhith an sàs ann an obair glanaidh taighean-beaga ann an Alba – bho luchd-glanaidh ann an Glaschu, far a bheil siùrsachd agus drogaichean am measg nan dùbhlan làitheil, chun na h-Eileanan an lar, far a bheil gainmheach a tha a' falbh leis a' ghaoith na thrioblaid mhòr. A' fuireach sna h-Eileanan Siar, thug **Slàinte na Sgìre** dhuinn sealladh air ionad-dhotair a tha gu tur eadar-dhealaichte ris an fheadhainn àbhaisteach. 'S gun ach beagan is 500 euslainteach clàraichte aca, 's e ionad-dhotair an t-Òib aon de na h-ionadan-dotair as lughann an Alba. Leis an Dr Andrew Naylor agus a cho-oibrache an Dr Dòmhnull Iain Moireach, thug am prògram dhuinn cuimhneachain bho linn eile nuair a chuir sinn seachad mìos no dhà leis an dithis eadar-dhealaichte seo, 's iad ag obair gu dicheallach aig cridhe coimhairsnachd a tha iomallach is inntinneach.

Thug clàr Nollaig BBC ALBA 2013 feadhainn de na prògraman aithris a bu mhotha a chòrd ri daoine chun luchd-amhairc. Thairis air na bliadhnaichean tha Michelle McManus air ùidh mhòr a ghabhail ann an cultar agus ann an cànan na Gàidhlig. Ann an **Michelle aig a' Mhòd: Michelle at the Mòd** (*Demus Productions*), agus deich bliadhna às dèidh dhi Pop Idol a bhuanachadh, dh'fheuch i air co-fharpais an Aigeallain Airgid aig Mòd Nàiseanta Rioghail 2013. Ann an **SWAGs** (BBC), chuir sinn eòlas air na 'shinty wives and girlfriends', sgioba a tha gu tur dileas don cuid fhear is an sgioba agus ann an **Siubhal le Shepherd: Robbie Shepherd** (*Bees Nees Media*) fhuair sinn sealladh air beatha fear de na craoladairean as aithnichte agus leantaileach ann an Alba.

the lives of some of the men and women who keep the country's ever decreasing quota of public toilets flushing. From the cleaners in Glasgow who face daily challenges of drug-taking and prostitution to the Hebrides where wind-blown sand is the biggest scourge for one of Scotland's oldest toilet cleaners in an idyllic coastal setting! Staying in the Hebrides **Slàinte na Sgìre: An Island Practice**, revealed a place where the medical practice is very different from mainland surgeries. With a patient roll of just over 500, Leverburgh Surgery, tucked between South Harris hills and the sea, is among Scotland's smallest practices. It's a 24/7 job for gentle mannered physician, Dr Andrew Naylor, a traditionalist and man of faith, and his gregarious doctor-crofter colleague, Dr Donald John Murray, who visits each month to support the surgery. Humorous, touching and reminiscent of an era long gone in many places, the programme offered a glimpse of the unique and contrasting styles of the two medical men over a working season.

BBC ALBA's Christmas 2013 schedule was a premier showcase for some of our most popular documentaries. In **Michelle aig a' Mhòd: Michelle at the Mòd** (*Demus Productions*), Pop Idol 2003 winner, Michelle McManus drew on all her singing experience and her new found love of Gaelic culture to embark on her biggest challenge yet: entering the Silver Pendant competition for Gaelic learners at the 2013 Mod. In **SWAGs** (BBC), we met the 'shinty wives and girlfriends', the impassioned and dedicated women behind the top league shinty players, and **Siubhal le Shepherd: Robbie Shepherd** (*Bees Nees Media*) provided an excellent and timely profile of one of Scotland's favourite and most enduring broadcasters.



BHA 'DÀ LÀ SAN DÀMHAIR'
AM MEASG NAM
PRÒGRAMAN AS FHEARR AIR
ALBA FHATHAST. BHA E GU
MATH ÈIBHINN ...

1. SWAGs (BBC Gàidhlig)
2. SWAGs (BBC Gàidhlig)
3. Siubhal le Shepherd – Robbie Shepherd (Bees Nees Media)
4. Còmhlan Battlefield – Heb Celt 2013 (HCF Productions)
5. Linda NicLeòid – Taghadh bho na Trads (Bees Nees Media)
6. Heb Celt 2013 (HCF Productions)

CEÒL

Tha prògraman ciùil, gu h-àraidh ceòl Albannach agus Ceilteach, fhathast mar phrìomh ghnè ann an clàr BBC ALBA, a' tàladh luchd-amhairc bho air feadh na RA. Thug

Cridhe Na Cùise – Capercaillie @ 30 (Bees Nees Media) dhuinn sealladh air mar a dh'fhàs an còmhlan seo gus inbhe àrd a chosnadh ann an saoghal ciùil air feadh an t-saoghail, le sùil air ais air far an do thòisich iad agus a' faicinn dè bhios a' tachairt air cùlaibh ghnothaichean.

Tha Na Trads: MG ALBA Scots Trad Music Awards

(Bees Nees Media) a-nis air an aithneachadh mar phrìomh thachartas ann an Alba agus thàinig duaisean na bliadhna seo à Talla Ciùil Obar Dheathain far an deach comharra agus urram a thoirt do luchd-ciùil traidiseanta na h-Alba.

As t-samhradh, bidh BBC ALBA a' sealltainn gu bheil e aig cridhe na coimhlearsnachd Ghàidhealaich, a' craoladh thachartasan chiùil beò bho thaobh Tuath na h-Alba. Chaidh

Cridhe Tartan: Belladrum 2013 (BBC) a chraoladh beò

MUSIC


Music, especially Scottish and Celtic music, remains a core strand in the BBC ALBA schedule, capable of drawing audiences from throughout the UK. **Cridhe Na Cùise – Capercaillie @ 30 (Bees Nees Media)** was an intimate portrait of the internationally renowned band delivered in their 30th year with a dash of history and backstage travel. **Na Trads: MG ALBA Scots Trad Music Awards (Bees Nees Media)** – has become a key event in Scotland's cultural and indeed televisual calendar and this year's live coverage came from the Concert Hall in Aberdeen and featured top acts from the Scottish traditional music scene.

In the summer, BBC ALBA displays its Highland heart by broadcasting live music events from northern Scotland.

Cridhe Tartan: Belladrum 2013 (BBC) was a live broadcast from the 10th Belladrum Tartan Heart music festival, and **Heb**



Ricky Ross (*Bees Nees Media*)



②



③



①



④

1. Cridhe Na Cùise – Capercaillie @ 30
(Bees Nees Media)
2. Barbara Dickson – Binneas (Bees Nees Media)
3. Rapal (BBC Gàidhlig)

4. Rapal (BBC Gàidhlig)
5. Dòmhnull Dòmhnullach – Buskers (BBC Gàidhlig)
6. Dougie MacIlleathain – Heb Celt 2013
(HCF Productions)

7. Red Hot Chilli Pipers – Heb Celt 2013
(HCF Productions)

bhon 10th fhèis ciùil Belladrum Tartan Heart, agus thug Heb Celt 2013 (HCF Productions) sealladh air leth air Gearradh Chruidh Steòrnabhagh na Grèine le daoine leithid Dougie MacLean, Red Hot Chilli Pipers, Capercaillie agus gu leòr eile a' cluich ris an àireamh as mothach a-riamh aig an fhèis eileanach seo.

Chòrd Ceòl Dannsa: Scottish Dance Music (Bees Nees Media) gu mòr ri luchd-amhairc ciùil BBC ALBA, le fuinn dhannsa bhon dà chuid rionnagan ùra agus bho seann-eòlaich nan còmhlan dannsa Albannach agus cèilidh. Agus a-rihist, thug Celtic Connections dhuinn ceithir prògraman math dha-rìribh ann an **Cuirm@Celtic** (Bees Nees Media) a' toirt thugainn an seinneadar Gàidhlig Julie Fowlis, an còmhlan ainmeil Éireannach Stockton's Wing, Capercaillie agus The Great Gathering, le am measg eile, na tàlantán aig leithid Seumas Egan, Alasdair MacCuish agus Chris Stout.

Celt 2013 (HCF Productions) displayed Stornoway's Castle Grounds in brilliant summer sunshine as the backdrop to the talents of Dougie MacLean, Red Hot Chilli Pipers, Capercaillie and many more, playing to record-breaking audiences at the island festival.

Ceòl Dannsa: Scottish Dance Music (Bees Nees Media) proved a hit with BBC ALBA music audiences with classic dance tunes from new and more established exponents of the Scottish dance band/ceilidh tradition. And once again, Celtic Connections provided **Cuirm@Celtic** (Bees Nees Media) with four great shows from the festival featuring Gaelic songstress Julie Fowlis, Irish legends Stockton's Wing, Capercaillie and The Great Gathering featuring talent such as Seumas Egan, Alasdair MacCuish and Chris Stout to name a few of the top flight artists involved.



SPÒRS

Air 8^{mh} Cèitean 2013, leig Sir Ailig Fearghastan dheth a dhreuchd mar mhanaidsear air Manchester United, fear de na manaidsearan ball-coise Albannach a bu shoirbheachail a-riamh le sgiobaidean ball-coise ann an Sasainn. Tha alt math a-nis aig an t-seanail air an rud ceart a dhèanamh aig an àm cheart agus chraol BBC ALBA **Gothenburg '83** (*purpleTV*) air 9^{mh} Cèitean. Am measg aithris agus stòraidhean eibhinn bho sheann chluicheadairean, luchd-obrach agus bho dhaoine a tha air a bhith a' leantainn ball-coise fad am beatha, chuala sinn bhon duine fhèin, a bha os cionn sgioba ball-coise Obar Dheathain nuair a ghlèidh iad an Cupa ann an Gothenburg. Bha am prògram seo sa chlàr againn mar chomharra air an 30^{mh} ceann bliadhna bho chuairt dheireannach Cup Winners Cup agus cuideachd toiseach bliadhna air leth airson Obar Dheathain, a bhuanach Cupa na Lioga 2013-14 airson a' chiad uair ann an 19 bliadhna agus bliadhna a chunnaic Derek MacAonghais air ainmeachadh mar Mhanaidsear Albannach na Bliadhna aig PFA agus SFWA.

Lean BBC ALBA le sgeulachd ball-coise nam ban, le **Ball-Coise Beò: Women's international football** (*mneTV*), agus iad air an t-sligte, gun aon gheama a chall, gu bhith a' cluich ann an Cupa na Cruinne ann an Canada ann an 2015. Thug am prògram aithris spòrs, **Honeyballers** (*purpleTV*), thugainn stòridh ball-coise nam ban an Alba, ball-coise a tha a' sior fhàs agus a' toirt adhbhar misneachd dhaibh airson an ama ri teachd.

Ann an **Rugby Beò: Live Rugby** (*mneTV*), chunnaic sinn Glasgow Warriors a' stri gu fèin-earbsach airson a bhith cho soirbheachail 's as urrainn agus bha seàsan 2013-14 gu bhith cho soirbheachail ri seàsan a bh' aca a-riamh.

NAIDHEACHDAN AGUS CÙISEAN LÀITHEIL

Am bliadhna, thug na Naidheachdan Gàidhlig, rèdio, telebhisean agus air-loidhne an tuilleadh phrògraman gu luchd-amhairc air an Referendum air Neo-eisimeileachd airson Alba. Tha maoineachadh às ùr bhon BhBC air a dhèanamh comasach do sgioba Naidheachdan Ghàidhlig a' BhBC sreach de phrògraman, a' coimhead ri mìrean sònraichte bhon deasbad air an Referendum, a thoirt chun luchd-amhairc. Bha seo mar phàirt de dhòigh ioma-fhillte prògraman a thoirt don luchd-amhairc air feadh seirbheis telebhisein, BBC Radio nan Gàidheal agus bbc.co.uk/alba, a ghabh a-staigh prògraman deasbaid uair a thìde air an stiùireadh leis an luchd-amhairc a chaidh a-mach air an telebhisean agus air an rèdio.

SPORT

On May 8th 2013, Sir Alex Ferguson resigned as manager of Manchester United, probably the greatest of the lineage of Scottish football managers who have had success with professional football teams in England. With a growing knack of being in the right place at the right time, BBC ALBA broadcast **Gothenburg '83** (*purpleTV*) on May 9th. In a narrative interspersed with moving and humorous contributions from former players, staff and life-long fans, Sir Alex recounted the season he led Aberdeen FC to European glory in Gothenburg to our audiences. Our programme was scheduled to mark the 30th anniversary of the Cup Winners Cup final and marked the beginning of a superb year for Aberdeen, winning the 2013-14 League Cup, their first trophy in 19 years, and having Derek McInnes named as PFA and SFWA Scotland Manager of the Year.

With **Ball-Coise Beò: Women's international football** (*mneTV*), BBC ALBA continued our journey as followers of Scotland's women's football team as they maintained a 100% record on their way towards qualification in the 2015 Canada World Cup. The sports documentary **Honeyballers** (*purpleTV*) gave a background to the history of women's football in Scotland and pointed to growth and to a confidence in future success.

In **Rugby Beò: Live Rugby** (*mneTV*), Glasgow Warriors pushed strongly in the PRO12 to create a winning mentality, arguably so often missing at the very top in Scottish team sport, and the 2013-14 season was to be their best ever.

NEWS AND CURRENT AFFAIRS

This year, Gaelic News, radio, television and online provided additional coverage to report on the Referendum on Scottish Independence. New BBC funding has allowed the BBC Gaelic News team to produce a series of documentaries analysing elements of the referendum debate. This formed part of an integrated approach for the audience across the television service, BBC Radio nan Gàidheal and bbc.co.uk/alba and included specially commissioned hour-long, bi-media, audience-led debates.



①



②



③



Jenny Forbes, Steven Meechan & Sara Jack - Honeyballers (*purpleTV*)



④

1. Ailig O'Henley & Willie Miller – Gothenburg '83 (*purpleTV*)

2. Jennifer Beattie – Honeyballers (*purpleTV*)

3. Debbie NicAoidh & Dòmhnaill Eòin MacPhionghain –

Bannan: The Ties that Bind (*Young Films*)

4. FilmG 2013 (*MG ALBA & Cànan*)

Aig deireadh a' Mhàirt 2014, thòisich na Naidheachdan Gàidhlig a' craoladh prògram ùr mun Referendum, prògram 15 mionaid air oidhche Dhòmhnaich, air a riochdachadh 's air a chraoladh à Inbhir Nis.

Dh'adhbharaich an 21th sreath de **Eòrpa** (BBC) beachdan làidir bhon luchd-amhairc. Bha na prògraman am bliadhna gu mòr a' toirt priomhachas do sgeulachdan mu dhaoine agus bha iad a' buntainn ri daoine air feadh an t-saoghal.

DRÀMA

Leis an sporan cho gann bho thòisich an t-seanail, 's ann fior chorra uair a tha nuadh-dhràma dha choimiseanadh le BBC ALBA. Ach, le taic làidir ro-innleachdail bho Bhòrd MG ALBA, chaidh cothrom a thoirt do sgrìobhadairean agus do dh'actairean tàlantach, nuair a chaidh trì prògraman deuchainn ann an sreath dràma an leasachadh agus an riochdachadh ann an 2013-14 airson clàr Foghair 2014. Chaidh **Bannan: The Ties that Bind** (*Young Films*) a chlàradh san Eilean Sgitheanach agus thathas ga leasachadh ann an com-pàirteachas le Alba Chruthachail.

At the end of March 2014, Gaelic News started a new Sunday evening 15-minute programme looking at the referendum agenda both produced and broadcast from Inverness.


The 21st series of **Eòrpa** (BBC) garnered strong audience feedback. The programmes this year reflected a preference for strong human interest stories with universal resonances.

DRAMA

Budgetary constraints since channel launch have meant that original drama programming is very rarely commissioned by BBC ALBA. However, with strong strategic support from the MG ALBA Board, writing and acting talent were given new platforms this year as a three-part pilot drama series was developed and produced during 2013-14 for the Autumn 2014 schedule. **Bannan: The Ties that Bind** (*Young Films*) was filmed on location in Skye and is being developed in partnership with Creative Scotland.



Cherry Chaimbeul - Katie Morag
(Move On Up)



①



②



③

Spaidhc (*Obh! Obh! Productions*)



④



⑤

CLANN

Tro cho-bhanntachd agus cho-obrachadh eadar BBC ALBA agus CBeebies, fhuair luchd-amhairc òga cothrom dà thionndadh den dràma **Katie Morag** (*Move On Up*) fhaicinn. Stèidhichte agus clàraichte air Eilean Leòdhais as t-Samhradh 2013, chaith tionndadh Gàidhlig a roichdachadh le guth na rionnaig òig Ghàidhlig Maia Mhoireach Pickering.

Tro Obh Obh Productions agus Solus Productions, bha prògraman a chaidh an ceannachd a-steach fhathast a' cur taic ri clàr na cloinne le branndaichean leithid **Peppa: Peppa Pig, Rupert, Tomas is a Threud: Thomas the Tank Engine** agus caractaran ùra leithid **Bhipo: Vipo** agus **Spaidhc: Spike** a' còrdadh ris an luchd-amhairc òga.

Lean **De a-nis?** (BBC) agus **Gleusta** (Sealladh) le bhith a' toirt fealla-dhà ach cuideachd a' toirt cothrom do thàlant òg Gàidhlig a dhol an sàs ann agus pàirt a ghabhail ann am BBC ALBA.

IONNSACHADH GÀIDHLIG

Am bliadhna choisinn **App Cùrsa Tòiseachaidh**

LearnGaelic (32 Points & MG ALBA) duais airson an 'App as Fheàrr' aig Fèis nam Meadhanan Ceilteach 2014 anns a' Chòrn. Mar thoradh air co-obrachadh le 32 Points Ltd à Èirinn, tha an càrsa seo de 60 leasan lèir-chlaistinneach, na chìad app dha leithid airson daoine a tha ag ionnsachadh Gaileige agus Gàidhlig.

Ann an 2013-14, ghabh MG ALBA ballrachd cuideachd air a' bhuidheann nàiseanta a tha a' leasachadh ro-innleachd airson inbhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig. Tha a bhith a' cur aghaidh air, agus a bhith a' frithealadh luchd-labhairt na Gàidhlig bho choimhairsnachdan anns nach robh Gàidhlig air a bhith na cànan coimhairsnachd o chionn ghoirid, air tòrr cheistean a thogail ris am feum BBC ALBA agus na meadhanan cànan Gàidhlig dèiligeadh ann an 2013-14. Leanaidh sinn oirnn ann an 2014-15 le bhith a' sireadh fhreagaitean air na ceistean ùra seo air a bheilear a' cur fàilte.

CHILDREN

Through a collaboration between BBC ALBA and CBeebies, young viewers were able to enjoy two versions of the drama **Katie Morag** (*Move On Up*). Set and filmed on the Isle of Lewis in the summer of 2013, a Gaelic version was produced featuring the voice of young Gaelic star Maia Murray Pickering.

Through *Obh! Obh! Productions* and *Solus Productions*, acquisitions continued to play a key role in the children's schedule with brands such as **Peppa: Peppa Pig, Rupert, Tomas is a Threud: Thomas the Tank Engine** and new characters such as **Bhipo: Vipo** and **Spaidhc: Spike** proving popular with young audiences.

De a-nis? (BBC) and **Gleusta** (Sealladh) continued to provide both entertainment and a platform for young Gaelic talent to get involved as contributors to BBC ALBA.

GAEILIC LEARNING


This year the **LearnGaelic Beginner's Course App** (32 Points & MG ALBA) won the award for 'Best App' at the Celtic Media Festival 2014 in Cornwall. The result of a collaboration with 32 Points Ltd from Ireland, the 60 lesson audio-visual beginner's course is the world's first open-platform tablet app for learners of Irish and Gàidhlig.

In 2013-14, MG ALBA also became members of the national group who are developing strategy for adults learning the Gaelic language. Facing up to, and properly serving, Gaelic speakers from communities where Gaelic has not recently been a community language, posed many questions for BBC ALBA and for Gaelic language media during 2013-14 and in 2014-15 we will continue to seek answers to these new, and welcome, questions.

1. FilmG 2013 (MG ALBA & Cànan)
2. Fraochy Bay (Moja)
3. Peppa Pig (Solus Productions)

4. Maia Mhoireach Pickering – guth Gàidhlig
Katie Morag (Obh! Obh! Productions)

5. Daibhidh, Rut & Sophia Rankin – Bean a' Mhinisteir (BBC Gàidhlig)
6. Gleusta (Sealladh)



Bráithrean na h-Àirce: My Brother, the Ark Raider (Plainview Films)

AITHRIS RIAGHLAIDH GOVERNANCE STATEMENT

RAON-ÙGHDARRAIS MG ALBA

Chaidh MG ALBA a stèidheachadh (fon ainm Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig) fo ullachadh Achd Conaltraidh 2003, Earrannan 208-210, gus dèanamh cinnteach gum bi raon farsaing agus measgaichte de dheagh phrògraman Gàidhlig air an lìbhrigeadh tro chraoladh no eile gu sluagh na h-Alba.

Tha ùghdarris air a thoirt do MG ALBA airson prògraman a dhèanamh agus ceadan craolaidh a chumail a bharrachd air an fheadhainn shònraichte air an liostadh ann an Earrann 208 (4B) de Achd Chonaltraidh 2003. Tha MG ALBA air cumhachdan agus dleastanasan maoineachaидh a ghabhail a thaobh maoineachadh phrògraman Gàidhlig, trèanadh, rannsachadh agus obair cho-cheangailte fo Earrannan 183 agus 184 de Achd Craolaidh 1990, Earrannan 32 agus 95 de Achd Craolaidh 1996 agus Pàipearan-taic co-cheangailte riutha.

Tha e cudromach do MG ALBA gu bheil ìrean àrda de riaghlaidh corporra agus dòighean-giùlain beusail aig a' bhuidhinn. Cho fad 's a tha e freagarrach do shuidheachadh MG ALBA, tha am Bòrd ag amas air a bhith a rèir nan ullachaidhean ionmhaidh de Chòda Riaghlaidh Chorporra na RA a bhios air fhoillseachadh bho àm gu àm leis a' Chomhairle Aithris Ionmhasail.

Tha an t-uallach ionlan air a' Bhòrd airson dèanamh cinnteach gun cùm MG ALBA suas siostam in-smachd a bhios a' lùghdachadh chunnartan agus a' dòn so-mhaoin agus ùidhean MG ALBA, agus a bheir don Bhòrd barantas reusanta gum faod earbsa a bhith aca san fhiosrachadh ionmhais a thèid a chleachdadh a-staigh agus fhoillseachadh a-muigh.

Ged nach urrainn do shiostam in-smachd sam bith làn bharantas a thoirt an aghaidh mì-aithris, call no mì-riaghlaidh a thaobh so-mhaoin MG ALBA, tha na siostaman a tha an sàs dealbhte airson comharrachadh do na buill cùisean air am feumar sùil a thoirt ann an deagh àm gus an tèid beachdachadh orra agus dèiligeadh riutha gu h-ionmhaidh.

CORPORATE GOVERNANCE

MG ALBA was established (as Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig or Gaelic Media Service) under the provisions of the Communications Act 2003, Sections 208-210, to ensure that a wide and diverse range of high-quality programmes in Gaelic is broadcast or otherwise transmitted so as to be available to persons in Scotland.

MG ALBA is empowered to make programmes and can hold broadcast licences other than those specifically listed in Section 208 (4B) of the Communications Act 2003. It has subsumed funding powers and responsibilities in relation to financing of Gaelic programmes, training, research and related activities under Sections 183 and 184 of the Broadcasting Act 1990, Sections 32 and 95 of the Broadcasting Act 1996 and related Schedules.

MG ALBA is committed to high standards of corporate governance and ethical behaviour. As far as is appropriate to the circumstances of MG ALBA, the Board seeks to comply with relevant provisions of the UK Corporate Governance Code issued from time to time by the Financial Reporting Council.

The Board has overall responsibility for ensuring that MG ALBA maintains a system of internal controls that minimise risk, safeguard MG ALBA's assets and interests, and provide the Board with reasonable assurance of the reliability of the financial information used internally and for external publication.

Although no system of internal controls can provide absolute assurance against material misstatement, loss or mismanagement of MG ALBA's assets, the systems in place are designed to identify matters to the members that require attention on a timely basis so that they may be considered and dealt with appropriately.

Tha buill a' Bhùird gan cur an dreuchd agus air am measadh a rèir moladh Ofcom agus le aonta Mhinistearan Riaghaltas na h-Alba agus na RA. Tha seo a' ciallachadh gu bheil iomadachd a' Bhùird na ghnothach airson Ofcom agus tha sinn a' cur fàilte gu bheil riochdachadh bhoireannach air a' Bhòrd air a dhol bho 25% ann an 2013-14 gu 37.5% ann an 2014-15. Tha suas ri 12 ball air a' Bhòrd, a' gabhal a-steach an Cathraiche. Bidh gach ball san dreuchd airson suas ri ceithir bliadhna. Feumaidh buill ainmichte le lomairt na Gàidhealtachd's nan Eilean, am BBC agus Bòrd na Gàidhlig a bhith am measg nam ball. Feumaidh Ofcom dèanamh cinnteach, cho fad 's as urrainn dhaibh, gu bheil ùidhean a' ghnìomhachais riochdachaichd neo-eisimeilich air an riochdachadh mar bu chòir tro bhallrachd MG ALBA.

Tha am Bòrd air dà chomataidh a stèidheachadh gus taic a thoirt dhaibh ann a bhith a' libhrigeadh a chuid dhleastanasan. Tha Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh a' comhairleachadh a' Bhùird a thaobh a bhith a' làilmhseachadh chunnartan agus siostaman in-smachd. Tha e cuideachd a' coimhead ri cuisean pàighidh an luchd-obrach. Tha Comataidh Inbhean a' comhairleachadh a' Bhùird mu na prògraman a tha air an craoladh le BBC ALBA, agus mu thrèanadh agus rannsachadh. Bho àm gu àm bidh am Bòrd agus na comataidhean a' sgrùdad agus ag ùrachadh phoileasaidhean agus phàipearan corporra, a tha rim faighinn aig www.mgalba.com.

Tha am Bòrd a' cur an dreuchd Àrd-Oifigear, a tha na Oifigear Cunnatachail, le uallach dèanamh cinnteach gu bheil iomchaidheachd, riaghailteachd agus luach-an-airgid air caiteachas MG ALBA. Tha an Cathraiche a' coinneachadh gu cunbalach ris an Àrd-Oifigear a tha an sàs bho là gu là anns gach roinn de dh'obair MG ALBA.

Gach trì mìosan, tha na Cinn Roinnean a' coimhead gu mionaideach air aithisgean ràitheil air gach roinn de dh'obair na buidhne. Thèid pasgain de dh'aithisgean ràitheil a chur air adhart gu coinneamhan Comataidh Inbhean agus Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh, agus às déidh sin chun Bhùird.

The composition and appraisal of the Board is determined by Ofcom with the approval of the Scottish Government and UK Ministers. This means that the diversity of the board is a matter for Ofcom and we welcome the fact that female representation on our board will rise from 25% in 2013-14 to 37.5% in 2014-15. The Board is comprised of up to 12 members including the Chairperson. Each board member serves for a period of up to 4 years. The Board must include members nominated by Highlands and Islands Enterprise (HIE), the BBC and Bòrd na Gàidhlig. Ofcom must also secure, so far as is practicable, that the Board's membership is such that the interests of the independent production sector are adequately represented.

The Board has established two committees to assist in the discharge of its functions. The Audit & Assurance Committee advises the Board on MG ALBA's risk management and internal control. It also covers staff remuneration issues. The Standards Committee advises the Board on media content broadcast by BBC ALBA, training and research. The Board and its committees periodically review and revise policies and corporate documents, which are available at www.mgalba.com.

The Board appoints the Chief Executive, who is the Accounting Officer responsible for ensuring the propriety, regularity and value for money of MG ALBA's expenditure. The Chairperson is in regular contact with the Chief Executive, who has day-to-day responsibility for all aspects of MG ALBA activities.

Every three months, the Senior Management Team considers quarterly reports on all aspects of MG ALBA's activities in detail. Quarterly reporting packs are presented to the Standards Committee and to the Audit & Assurance Committee, and thereafter to the Board.

Bidh luchd-sgrùdaidh MG ALBA bhon taobh a-muigh a' toirt laigsean sam bith gu aire a' Bhùird rè an sgrùdaidh bhliadhnaile. Bithear a' sgrùdadadh nithean cudromach agus cunnartan sam bith a thèid a lorg agus thèid dèiligeadh riutha ann an dòigh iomchaidh. Cha deach laigsean sam bith a lorg ann an 2013-14.

Bidh an t-Àrd-Oifgear, Ceannard Ghoireasan agus Ionmhais, Ceannard Phrògraman agus Stiùiriche Seirbheisean Telebhisein a' coinneachadh co-dhiù gach mìos airson sùil a chumail air cur-an-gníomh a' Phlana Gnìomhachais bhliadhnaile, a bhios air aontachadh le Ofcom ro thoiseach na bliadhna, agus airson dèiligeadh ri gnothaichean ionmhais, gnothaichean luchd-obrach agus cùisean eile. Bhathar a' sireadh neach airson na dreuchd ùir Stiùiriche Leasachaидh & Co-bhanntachdan aig deireadh na bliadhna.

Tha cinn-buidseit air an sgrùdadadh gach mìos a rèir slatan-tomhais a' Phlana Gnìomhachais. Tha aithisgean agus cunntasan gan deasachadh airson luchd-stiùridh na buidhne, airson a' Bhùird agus airson Ofcom. Tha na Cinn Roinnean a' cumail Clàr Chunnartan, a tha air ùrachadh gach mìos agus tha iad air an deasbad gach ràith le Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaile agus leis a' Bhòrd.

Tha MG ALBA cuideachd air gabhail ri Poileasaidh Àrainneachd, a rèir poileasaidh àrainneachd Riaghaltas na h-Alba, gus measadh agus leasachadh na thathar a' dèanamh, gus brosnachadh cleachdadhs seasmhach air stòrasan agus gus lùghdachadh an sgrios a tha obair na buidhne a' dèanamh air an àrainneachd. Tha sgrùdadadh àrainneachd ga dhèanamh a h-uile dà bhliadhna agus targaidean air an cur air adhart. Tha e an urra ris na Cinn Roinnean seo a choileanadh agus a chur an-sàs.

Tha na Cinn Roinnean gu cunbalach a' faighinn aithisgean air cùisean Slàinte agus Sàbhailteachd. Bidh teisteanasan Slàinte agus Sàbhailteachd airson gach togalach aig MG ALBA air an ùrachadh gach bliadhna agus aithisg air a chur chun Bhùird.

MG ALBA's external auditors discuss with the Board any reportable weaknesses identified during their annual audit. Significant findings and risks are examined and are subject to appropriate action. No significant weaknesses were identified in 2013-14.

The Chief Executive, Head of Operations & Finance, Head of Content and Television Services Director meet at least monthly to oversee the implementation of the annual Operational Plan, approved by Ofcom before the start of the year, to deal with financial affairs and to address other business and staff matters. A new post of Director of Development and Partnerships was under recruitment at year end.

Budget heads are monitored monthly by reference to the parameters set out in the Operational Plan. Reports and accounts are prepared for management, for the Board and for Ofcom. The Senior Management Team also maintains a Risk Register, which is updated monthly and discussed quarterly with the Audit & Assurance Committee and the Board.

MG ALBA has also adopted an Environmental Policy, in line with the Scottish Government's environmental policy, to assess and improve upon environmental performance, to encourage sustainable use of resources and to minimize the negative impact of the organisation's operations on the environment. An environmental audit is carried out every second year and targets are set for an action plan. The Senior Management Team is responsible for ensuring compliance with the policy and action plan.

The Senior Management Team receives regular reports on Health and Safety matters. Health and Safety certificates for all MG ALBA premises are renewed annually and a report sent to the Board.

SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG AG OBRACHADH MAR MG ALBA

CUNNTASAN NA BLIADHNA A DHÙIN 31 MÀRT 2014

GAEILIC MEDIA SERVICE OPERATING AS MG ALBA

ACCOUNTS FOR THE YEAR ENDED 31 MARCH 2014

42

AITHRIS AIR DLEASTANASAN A' BHÙIRD
STATEMENT OF THE BOARD'S RESPONSIBILITIES

44

AITHISG AN NEACH-SGRÙDAIDH NEO-EISIMEILICH
REPORT OF THE INDEPENDENT AUDITOR

46

CUNNTAS TEACHD-A-STEACH & CAITEACHAIS
INCOME & EXPENDITURE ACCOUNT

47

DUILLEAG COTHROMACHAIDH
BALANCE SHEET

48

AITHRIS SRUTH-AIRGID
CASH FLOW STATEMENT

49

NOTAICHEAN RIS NA CUNNTASAN
NOTES TO THE ACCOUNTS

AITHRIS AIR DLEASTANASAN A' BHÙIRD

STATEMENT OF THE BOARD'S RESPONSIBILITIES

Tha uallach air a' Bhòrd airson an Aithisg Bhliadhnaile agus na cunntasan ullachadh ann an co-rèir ris an lagh iomchaidh agus Inbhean Cunntasachd na Rioghachd Aonaichte (Cleachdadh Cunntasachd Aontaichte Gu Coitcheann na Rìoghachd Aonaichte)

Tha Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh le Achd Craolaidh 1996 agus Achd Conaltraidh 2003) a' cur riatanas air a' Bhòrd cunntasan airson gach bliadhna ionmhasail ullachadh a bheir sealladh fior agus cothromach air cor gnothaichean na Seirbheise agus air toradh na Seirbheise airson an ama sin. Ann a bhith ag ullachadh nan cunntasan seo, tha riatanas air a' Bhòrd a bhith :

- a' taghadh phoileasaidhean cunntasachd freagarrach agus gan cur an gnìomh gu cunbalach;
- a' dèanamh bħreitħean agus thuairmsean a tha reusanta agus seaghach;
- ag aithris a bheil inbhean cunntasachd iomchaidh air an leantainn, fo umhail do dh'atharrachadh cudromach sam bith a th' air fhoillseachadh 's a mhìnēachadh sna cunntasan; agus
- ag ullachadh nan cunntasan mar ghnothach a tha a' dol fhast mura bheil e mì-ionchaidh measadh gun lean an t-Seirbheis oirre a' gnìomhachadh.
- select suitable accounting policies and then apply them consistently;
- make judgements and estimates that are reasonable and prudent;
- state whether applicable accounting standards have been followed, subject to any material departures disclosed and explained in the accounts; and
- prepare the accounts on the going concern basis unless it is inappropriate to presume that the Service will continue in operation.

The Board is responsible for preparing the Annual Report and the accounts in accordance with applicable law and United Kingdom Accounting Standards (United Kingdom Generally Accepted Accounting Practice).

The Broadcasting Act 1990 (as amended by the Broadcasting Act 1996 and the Communications Act 2003) requires the Board to prepare accounts for each financial year which give a true and fair view of the state of affairs of the Service and of the results of the Service for that period. In preparing these accounts, the Board is required to:



Tha uallach air buill a' Bhùird airson clàraighean cunntasachd ceart a chumail a dh'fhoillsicheas le ìre mhath de chinnteachd aig àm sam bith cor ionmhasail na Seirbheise, nì a bheir comas dhaibh dearbhadh gu bheil na cunntasan a' tighinn a rèir Achd Craolaidh 1990 (mar a chaidh atharrachadh). Tha uallach orra cuideachd airson so-mhaoin na Seirbheise a dhòn agus airson ceuman reusanta a ghabhail dha rèir airson foill agus neo-riaghailteachdan eile a bhacadh agus a lorg.

Mar as fhiù agus mar as fhiosrach le buill a' Bhùird:

- chan eil fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach ann air nach eil luchd-sgrùdaidh na Seirbheise mothachail; agus
- tha buill a' Bhùird air gach ceum a bu chòir dhaibh a ghabhail gus èolas a thoirt dhaibh fhèin air fiosrachadh sgrùdaidh buntainneach sam bith agus barantachadh gu bheil luchd-sgrùdaidh mothachail air an fhiosrachadh sin.

Tha uallach air a' Bhòrd airson deasachadh agus iomlanachd an fhiosrachaидh ionmhasail agus chorporra a tha air làrach-lìn na Seirbheise.

The members of the Board are responsible for keeping proper accounting records that disclose with reasonable accuracy at any time the financial position of the Service and enable them to ensure that the accounts comply with the Broadcasting Act 1990 (as amended). They are also responsible for safeguarding the assets of the Service and hence for taking reasonable steps for the prevention and detection of fraud and other irregularities.

In so far as the members of the Board are aware:

- there is no relevant audit information of which the Service's auditors are unaware; and
- the members of the Board have taken all steps that they ought to have taken to make themselves aware of any relevant audit information and to establish that the auditors are aware of that information.

The Board is responsible for the maintenance and integrity of the corporate and financial information included on the Service's website.

AITHISG AN NEACH-SGRÙDAIDH NEO-EISIMEILICH DO BHUILL SHEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG

INDEPENDENT AUDITOR'S REPORT TO THE MEMBERS OF SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG

Rinn sinn sgrùdadadh air na cunntasan aig Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2014, a tha a' gabhail a-steach Cunntas Teachd-a-steach is Caiteachais, Duilleag Cothromachaiddh, Aithris Sruth Airgid agus na notaichean co-cheangailte, 1 gu 18. Tha frèam-obrach nan aithisgean ionnhasail a chaidh a chur an gnìomh san ullachadh aca a' tighinn a rèir an lagha ionchaidh agus Inbhean Cunntasachd na Rìoghachd Aonaichte (Cleachdadhd Cunntasachd Aontaichte Gu Coitcheann na Rìoghachd Aonaichte).

